

Candidate 2 evidence

Truailleadh Phlastaig - Chan eil sinn a' dèanamh gu leòr

Tha sinn an còmhnaidh a' cluinntinn mu thruaillleadh phlastaig. Bheir sinn smuain air airson dìog no dha, 's an uairsin cha bhith guth againn air, 's cumaidh sinn a' dol le na bha sinn a' dèanamh roimhe. Ach, chan eil còir againn diochuimhneachadh mu dheidhinn idir. Tha còir againn a bhith a' toirt prìomhachas dhan triobaid uabhasach seo a tha a' sgrios muir is tìr air air a' phlanaid phriseil againn. Feumaidh companaidhean mòra, riaghaltasan agus daoine air feadh an t-saoghail an dòighean atharrachadh 's a thighinn còmhla gus an droch dhùiligheadas seo fhuasgladh. Chan eil sinn a' dèanamh gu leòr an dràsta agus feumar smaoineachadh air dòighean ùra gus an t-suidheachadh a leasachadh, agus feumaidh sinn seo a dhèanamh anns a' bhad.

Tha buaidh thruaillleadh phlastaig air an t-saoghail dìreach do-chreidsinnach. Tha plastaig maireannach agus cha eil e a' briseadh sìos gu ceart idir, idir. Tha e a' dol na phiosan beaga biodach rins an canar 'microplastaigs'. Tha na bideagan beaga seo gu math cunnartach do chreutairean, gu h-àraid creutairean-mara a bhios gan ithe agus a bhios a' dol an-sas ann am pìosan plastaig nas motha. Tha seo a' cur dìofar seorsa eisg agus creutairean eile ann an cunnart. Tha na plastaigean puinnseanta cuideachadh rin lorg sa bhiodh a bhios sinn ag ithe 's mar sinn tha na tha tachairt sa mhuir a toirt buaidh air a chinna daona air fad. Tha stuthan togsaigeach bho phlastaig ri fhaighinn ann cha mhòr a h-uile duine agus tha iad ag adhbhrachadh rudan garbh leithid aillse agus trioblaidean ann am paistean air an ur-bhreith. Chaidh aithris sa phàipear-naidheachd 'An Guardian' gun deach sgrùdadh a dhèanamh o chionn ghoirid a sheall gu bheil an stuth ceimigeach Bisphenol A ri lorg ann am barrachd na 80% de dheugairean. Tha seo a' dearbhadh gu bheil buaidh thruaillleadh phlastaig ga rìreabh cunnartach dhuinn.

An toiseach bheir sinn sùil air na companaidhean phlastaig mòra. Feumaidh na companaidhean seo leithid Coca-Cola, Starbucks agus Tesco stad a chur air an uimhir do phlastaig a tha iad a' cruthachadh. Tha a' mhòr-chuid dhen a phlastaig a bhios iad a' dèanamh dìreach air a shadail air falbh agus agus air fhàgail na laighe. Sgrìobh Annie Leonard pìos sa Ghuardian a' cumail a-mach nach urrainn dhuinn deiligeadh ris an trioblaid le bhith dìreach ath chuirteachadh a-mhain nuair a tha companaidhean a' dèanamh 500 bilean botailean plastaig gach bliadhna a thèid a chleachdadh dìreach aon triop. Feumaidh sinn deiligeadh ri seo le bhith cuir stad air an aireamh de bhotailean a thathar a dèanamh sa chiad dol a-mach. Chan eil an ìre aig a bheil sinn ath chuirteachadh air fàs nas motha na 44% a' sealltainn gu bheil uimhir do phlastaig air a dèanamh 's nach urrainn dhuinn cumail suas leis. Rinn a bhuidheann àrainneachd 'GreenPeace' rannsachadh air 6 buidhnean a bhios a dèanamh deochan agus fhuair iad a-mach gu bheil 5 a-mach a 6 dhiubh a cleachdadh dìreach 7% de phlastaig a ghabhas ath-chuirteachadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iad a' cur a-mach barrachd 's barrachd plastaig. Tha coir aca glainne agus plastaig air a dèanamh a lusan a chur gu feum oir bristidh iad sìos. Tha seo nas cosgail ge-ta agus a' ciallachadh nach gabh na companaidh ris. Gus an dèan iad seo 's gus an atharraich iad na polasaidhean aca cha tig piseach air an t-suidheachadh.

'S e an darna phuing agam gu feum riaghaltasan fada bharrachd a dhèanamh. Gus stad a chur air truailleadh phlastaig feumaidh ceannardan an t-saoghal casg a chuir air plastaigean air fad. Mur a h-eil e ceadaichte plastaig a cheannach ro a reic cha bhith feum air barrachd plastaig a chruthachadh. Tha planaichean aig riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte casg a chuir air srabhan phlastaig agus ged 's e rud math a tha seo chan eil a' dol fada gu leor idir 's chan eil e dol a dhèanamh moran diofar. Dh' aithris Seth Borenstein bhon Press Herald nach eil ann an srabh ach 0.42g de chuideam agus comhla chan eil na srabhan a theid a shadail a mach air fad a deanamh suas ach 2000 tunna de na 9 mìlean tunnaichean phlastaig a theid dhan mhuir gach bliadhna. Tha seo dìreach a' sealltainn cho beag feum a tha ann a bhith ag ath chuirteachadh srabhan. Ged a tha e cudthromach gu bidh sinn a' cruthachadh 's a' cleachdadh nas lugha de phlastaig sa Rìoghachd Aonaichte chan eil 2% den truailleadh air fad a' tighinn bhon duthchannan an Iar 's mar sinn feumaidh an còrr dhen t-saogail fada bharrachd a dhèanamh. Feumaidh gach dùthaich uallach a ghabhail airson an sgrìos a thathar a' dèanamh.

Feumaidh daoine na dòighean smuaineachaidh a th' aca mu ath chuirteachadh 's cleachdadh plastaig gu tur atharrachadh. Thuir Angela Nic a' Ghobhainn, ball parlamaid Penistone agus Stocksbridge gur e 'coimhearsnachd a tha a' caitheamh' a th' annainn. Saoilidh mi gu bheil i glè cheart. Cha bhith sinn a' gabhail cus dragh mu bhuaidh ar gnìomhan; rudan simplidh mar a bhith a' ceannach pocannan plastaig nuair nach eil feum orra. Le cosgaisean air pocannan plastaig a-nis tha feadhainn ann nach eil gan ceannach ach feumar casg a chur orra air fad. Cuideachd, tha a Bhall Pharlamaid againn fhèin, Kate Forbes air bruidhinn a-mach mu thruailleadh phlastaig iomadh uair anns a Pharlamaid, s' tha seo a' sealltainn dhuinn gur e duilgheadas ionadail a th' ann cuideachd.

Tha foghlam glè chudromach ann a bhith ag innse do dhaoine mu na dh' fheumas iad dèanamh 's na dleastanasan a th' aca. 'S e bhith ag atharrachadh bheachdan dhaoine agus a' toirt oirra na cleachdaidhean aca atharrachadh cuideachd aon dhen na prìomh rudan san oidhirp an aghaidh truailleadh phlastaig. Tha dòighean gu math simplidh agus èifeachdach air seo a dhèanamh. Cleachd nas lugha de phlastaig a chleachdas sinn aon turas a-mhain, ath chuirteachadh gu cunbhalach agus bruidhinn ri daoine mu dheidhinn gus an teachdaireachd chudromach a sgaoileadh.

Air an làimh eile dh' fhaodadh sinn a bhith cuir na ceist, cò bu choireach gu bheil sinn san staing sa bheil sinn? A bheil na daoine a tha a' cur air dòigh an ath chuirteachadh bu choireach cuideachd? Tha còmhairlean ionadail tric gu math lapach nuair a thig e gu ath-chuirteachadh 's chan eil a h-uile cail a' ruith mar bu choir. Mar sin feumaidh iad pàirt dhen choire a ghabhail. Tha An Comann Oceanic ag radh nach eil sinn ag ath chuirteachadh ach 9% de phlastaig san t-saoghail an dràsta. Ach cluinnear aithrisean air daoine ath chuirteachadh le bhith cur a h-uile càil as urrainn dhaibh anns na binichean gorm aca gun moran dheth a' dol tro 'ath chuirteachadh' aig deireadh an gnothach. 'S e bristeadh dùil a tha seo gun teagamh agus 's bheag an t-iongnadh ged a bhiodh daoine a' smaoinichadh a bheil e gu feum sam bith a bhith ath-chuirteachadh. Gu ruige 2015 chaidh mu

6.3 bilean tunaichean de sgudal phlastaig a chruthachadh - a-mach a seo chaidh 9% tro ath-chuairteachadh, chaidh 12% a' losgadh agus tha an corr dheth, 79% fhathast mun cuairt oirne a' truailleadh an t-saoghal. Ged a tha seo na duilgheadas gun teagamh, feumaidh sinn cumail oirne le bhith ath-chuairteachadh.

A bharrachd air a seo tha e follaiseach gu bheil barrachd aire aig dhaoine air truailleadh phlastaig air saileabh programan TBh leithid 'Blue Planet'. Tha seo feumail dha-rìreabh ach ged 's math gu bheil uimhir do dhaoine a' bruidhinn 's a' deasbaid mu dheidhinn 's e gnìomhan a tha dhith. 'S e seo an aon rud a nì feum sam bith math tha crìonadh a' dol a thighinn air truailleadh phlastaig.

Mar co-dhùnadh feumar a radh gur e sgrìos 's truailleadh aon dhe na duilgheadasan as motha a th' againn air a' phlanaid san am ri teachd. Tha plastaig a cur as do bheathaichean, a' milleadh an àrainneachd agus 's dòcha nas miosa builleach ag adhbhrachadh trioblaid shlàinte nach eil sinn fiù 's a' tuigsinn fhathast. The còir eagal ar beatha a bhith oirne. Feumaidh sinn uile a bhith deònach co-obrachadh gus fuasgladh a' ruighinn. Mura dèan sinn sin tha e gu math sìmplidh, cha bhi planaid againn.

Tùsan

<https://www.theguardian.com/lifeandstyle/2018/feb/19/are-we-poisoning-our-children-with-plastic>

<https://www.theguardian.com/commentisfree/2018/jun/09/recycling-plastic-crisis-oceans-pollution-corporate-responsibility>

<https://plasgranltd.co.uk/5-of-6-soft-drink-brands-found-use-just-7-recycled-plastic-drink-bottles/>

<https://www.pressherald.com/2018/04/20/banning-plastic-straws-isnt-enough-pollution-experts-say/>

<https://www.thestar.co.uk/news/telegraph-voices-are-we-doing-enough-to-tackle-plastic-pollution-in-sheffield-1-9333131>

<https://www.oceanicsociety.org/blog/1720/7-ways-to-reduce-ocean-plastic-pollution-today>

<https://waste-management-world.com/a/ucsb-report-of-the-8bn-tonnes-of-plastics-made-since-50s-most-is-waste>